



Teisteanais
Nàiseanta
2026

X832/77/12

Àrd-Ìre Adhartach

DIMÀIRT, 5 CÈITEAN

11:00 M – 12:40 F

**Gàidhlig
Litreachas agus Sgrìobhadh**

Gàidhlig Literature and Writing

Comharran gu lèir — 40

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Feumaidh tu leabhran nam freagairtean fhàgail air an deasg agad; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de na ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. Tagh pìos/pìosan bàrdachd anns a bheil àm cudromach ann an eachdraidh aig cridhe na bàrdachd.

Seall mar a chleachd am bàrd sgilean sgrìobhaidh diofraichte airson an tachartas seo a thoirt beò.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. Tagh pìos/pìosan bàrdachd anns a bheil cuspair sòisealta no moralta air a sgrùdadh.

Seall mar a làimhsich am bàrd/na bàird an cuspair seo gu soirbheachail.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. "S e an nobhail am meadhan as fheàrr airson nàdar mhic an duine a sgrùdadh gu domhainn'

Tagh nobhail agus beachdaich air an ìre 's gu bheil seo fìor. Seall mar a chleachd an t-ùghdar diofar sgilean gus sgrùdadh soirbheachail a dhèanamh.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: plot, teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, structar, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. 'Ma tha sgeulachdan goirid a' dol a thoirt buaidh air an leughadair, feumaidh teachdaireachd làidir a bhith air a thoirt seachad.'

Tagh co-dhiù aon sgeulachd ghoirid agus seall mar a chaidh teachdaireachd làidir a thoirt am follais gus buaidh a thoirt air an leughadair.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, structar, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. Tagh sgeulachd ghoirid anns a bheil strì eadar caractar agus dùbhlàn sònraichte.
Seall mar a chaidh diofar sgilean a chleachdadh gus an strì seo a chur fa chomhair an leughadair.
Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, suidheachadh, taghadh-facail, structar, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Dràma

6. Tagh dealbh-chluich no prògram dràma no film anns a bheil duilgheadasan am measg teaghlach no coimhearsnachd.
Seall mar a chaidh na duilgheadasan seo a dhèanamh follaiseach is mar a chuir iad ri soirbheachas an dràma.
Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, cuspair, teachdaireachd, prìomh sheallaidhean, àirde, cleasachd, labhairt, taghadh-facail, caractar no mar a chaidh innleachdan-film/na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaime, solais . . .)

20

Rosg neo-fhicsean

7. 'S urrainn do rosg neo-fhicsean buaidh a thoirt air an leughadair ma tha e air a chruthachadh ann an dòigh a bhios a' toirt air/oirre cnuasachadh air suidheachadh sònraichte agus gus an tuigse aca fhèin a leasachadh.'
Seall mar a thug pìos neo-fhicsean buaidh ort anns an dòigh seo.
Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: fiosrachadh, beachdan, sealladh, suidheachadh, stoidhle, cànan, tòn, sgilean-teicnigeach . . .

20

Diofar theacsaichean

8. 'Tha e feumail coimhead air cuspair cudromach bho sheallaidhean eadar-dhealaichte.'
Tagh dà sheòrsa teacsa agus dèan coimeas eadar stoidhle nan teacsaichean agus cho èifeachdach 's a bha iad ann a bhith a' toirt tuigse nas fharsainghe dhut.
Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractaran, suidheachadh, sgilean-teicnigeach, teachdaireachd . . .

20

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist]

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist.

Cuimhnich gu bheil cothrom agad na tiotalan a leanas a chleachdadh ann an dòigh sam bith. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir; mac-meanmnail, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile.

9. Earbsa.
10. Rùn dìomhair.
11. Sealladh eadar-dhealaichte.
12. 'Tha e doirbh a bhith cinnteach dè tha fìor is dè nach eil.'
13. Gun chiall!
14. Cothrom.
15. 'S iad na rudan sìmplidh as prìseil.'
16. Dòchasach seach gearaineach.

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]